

# Pàigheadh Ciorraim Cloinne

## Dè th' ann am Pàigheadh Ciorraim Cloinne?

Is e airgead a bharrachd a th' ann am Pàigheadh Ciorraim Cloinne a chuidicheas leis na cosgaisean a bharrachd a tha an lùib cùram a thoirt do phàiste air a bheil ciorram no tinneas bàis. Thèid e an àite Cuibhreann Ciorraim Bith-beò do chlann ann an Alba a bha air a libhrigeadh roimhe seo le Roinn na h-Obrach is nam Peinnseanan.

## Cò as urrainn Pàigheadh Ciorraim Cloinne fhaighinn?

Dh'fhaodadh gum biodh pàiste airidh air pàigheadh ma tha ciorram no suidheachadh slàinte fad-ùine air a bhith orra airson co-dhiù 3 mìosan agus dùil ann gun lean e airson co-dhiù 6 mìosan, mura h-eil iad a' fulang le tinneas-bàis.

Ma gheibh pàiste Pàigheadh Ciorram Cloinne mus bi iad 16, gheibh iad e gus am bi iad 18, fhad 's a tha iad fhathast a' coileanadh nan riatanasan air a shon. Ma tha am pàiste 16 no nas sine, feumaidh iad cur a-steach airson Pàigheadh Ciorraim Inbheach.

## Ciamar a tha ìre a' phàighidh air a h-obrachadh a-mach?

Tha ìre a' phàighidh stèidhichte air 2 phàirt, pàirt cùraim agus pàirt comas gluasaid.

### Tha 3 ìrean seachdaineil ann airson cùraim:

- as ìsle: £28.70 - tha feum aca air beagan cuideachaidh is taic
- meadhan: £72.65 - feumaidh iad cuideachadh no sùil a chumail orra tric tron latha no air an oidhche
- as àirde: £108.55 - feumaidh am pàiste cuideachadh is taic tron latha agus air an oidhche

### Tha 2 ìre sheachdaineil ann airson comas gluasaid:

- as ìsle: £28.70 (do chlann aois 5 is nas sine) - do chlann a dh'fheumas sùil a chumail orra no stiùireadh nuair a ghluaiseas iad timcheall a-muigh
- as àirde: £75.75 (do chlann aois 3 is nas sine) - do chlann nach urrainn coiseachd, aig a bheil duilgheadas coiseachd, no air a bheil fìor chiorram fradhairc no slàinte inntinn

Faodaidh clann a gheibh an ìre as àirde den phàirt comas gluasaid an t-airgead gu lèir no pàirt den airgead sin a ghluasad gus càr, sgùtair no cathair-chuibhle le cumhachd fhaighinn air mhàl tron Sgeama Carbadan is Uidheam Ruigsinneach† Chan eil clann fo 3 bliadhna a dh'aois airidh air a' phàirt comas gluasaid.

## Cuin a gheibh daoine pàigheadh?

Ma tha iad soirbheachail, thèid ciad pàigheadh a' phàiste a thomhas bhon cheann-latha a chaidh a' chiad phàirt den iarrtas air-loidhne a chur a-steach no bhon cheann-latha a chuir neach fòn thugainn airson tòiseachadh air a' phròiseas iarrtais, ma rinn iad iarrtas air fòn agus foirm pàipeir. Bithear a' libhrigeadh Pàigheadh Ciorraim Cloinne gach 4 seachdainean an dèidh làimhe. Thèid a phàigheadh a-steach don chunntas a thugadh seachad mar phàirt den iarrtas.

## Ciamar a tha am pròiseas iarrtais ag obair?

Tha 2 phàirt sa phròiseas iarrtais. Bidh pàirt 1 a' faighneachd mu fhiosrachadh pearsanta, leithid latha-breith agus seòlaidh. Is ann am pàirt 2 as urrainn don neach-iarrtais innse dhuinn mu shuidheachadh slàinte agus feumalachdan a' phàiste aca.

Ann am pàirt 2, bidh sinn cuideachd ag iarraidh aon phìos fiosrachadh taice bho phroifeiseantach a dhearbhas gu farsaing ciorram, suidheachadh slàinte no feumalachdan a' phàiste. Mar eisimpleir, planaichean cùraim shòisealta, liostaichean òrduighean dhrogaichean agus plana feumalachdan taice a bharrachd aig pàiste. Faodaidh e tighinn bho phroifeiseantaich a' gabhail a-steach luchd-taice, dotairean agus tidsearan.

Faodaidh fiosrachadh taice a bhith a' toirt a-steach breithneachadh-lèigh ma tha fear ann, ach chan eil feum air seo airson iarrtas a dhèanamh.

### Cuin a thèid ath-bhreithneachadh a' phàighidh a chumail?

Thèid ath-bhreithneachadh a chlàradh a rèir cuin a bhios sinn an dùil gum bi feumalachdan a' phàiste air atharrachadh. Do luchd-iarrtais air nach eil coltas atharrachaidh air an t-suidheachadh, thèid ceann-latha ath-bhreithneachaidh a chur air bhonn eadar 5 agus 10 bliadhna bho cheann-latha a' cho-dhùnaidh. Leanaidh sinn oirnn a' libhrigeadh Pàigheadh Ciorraim Cloinne rè ath-bhreithneachaidh sam bith.

Sgrìobhaidh sinn chun neach a rinn iarrtas às leth a' phàiste ron treas no còigeamh co-latha-breith aca mura h-eil iad a' faighinn na pàirt comas gluasaid, gus an urrainn dhuinn co-dhùnadh a bheil còir aca air.

### Am bi iad airidh air Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh do Chlann?

Gheibh clann no daoine òga a bhios a' faighinn na h-ìre cùraim as àirde air co-dhiù aon latha den t-seachdain airidheachd (a' tòiseachadh bhon treas Diluain san t-Sultain gach bliadhna) am Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh do Chlann airson cuideachadh le cosgaisean dachaigh a theasachadh sa gheamhradh.

### Am faigh clann a tha a' fulang le tinneas-bàis am pàigheadh?

Gheibh. Bidh pàiste no neach òg air a bheil tinneas-bàis airidh air an ìre as àirde den phàirt cùraim agus a' phàirt comas gluasaid ge bith dè cho fada 's a tha am pàiste no an neach òg sin air a bhith a' fulang tinneas-bàis. Tha pròiseas iarrtais nas luaithe agus nas fhasa ann ma tha tinneas bàis air pàiste.

### Ciamar a nì iad iarrtas?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig [mygov.scot/childdisability](https://mygov.scot/childdisability). Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

### Am bi iad airidh air sochairean co-cheangailte?

Faodaidh am pàiste, am pàrant, neach-gleidhidh no neach-cùraim cuideachd a bhith airidh air sochairean, seirbheisean agus tàillibhean co-cheangailte. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig [mygov.scot/child-disability-payment/related-benefits](https://mygov.scot/child-disability-payment/related-benefits).



Tha mòran dhaoine draghail mun chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu faighinn, tadhail air [gov.scot/costoflivingsupport](https://gov.scot/costoflivingsupport). No tadhail air a' Bhiùro Comhairleachaidh a' Phobaill ionadail agad.

### Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](https://contactscotland-bsl.org)



Webchat: [chat.socialsecurity.gov.scot](https://chat.socialsecurity.gov.scot)